

Òige ann an Ratharsair

Rugadh Somhairle MacGill-Eain air an 26mh Dàmhair 1911 ann an Osgaig an Eilean Ratharsair, eilean beag, suidhichte far taobh sear an Eilein Sgitheanaich. Bhuineadh athair, Calum MacGill-Eain, do Ratharsair, ged a thàinig a shinnsirean à Uibhist a Tuath agus buineadh a mhàthair, Cairistìona, do chlann Mhic Neacail anns an Eilean Sgitheanach - dà theaghlaich aig an robh buadhan agus tàlantan sònraichte, mar sgoilearan, mar bhàird agus mar sheanchaidhean. 'Bha an cuid de phearsachan le tàlant agus comas air gach taobh de theaghlaich, cuid dhiubh a choisinn cliù air falbh bhon eilean tro fhoghlam foirmeil, agus cuid eile le bhith nan seanchaidhean agus nam bàird', mar a thuirt Uilleam MacIlliosa.¹ Bha Calum MacGill-Eain ris an tìlleareachd air Eilean Ratharsair agus bha seachdnar theaghlaich aige fhèin agus aig a bhean Cairistìona: coignear mhac (Somhairle an dàrna fear bu shine dhiubh) agus dithis nighean, agus nochd buadhan agus tàlantan an sinnsirean gu follaiseach anns a' ghinealach seo a bharrachd.

Chaidh Somhairle MacGill-Eain oideachadh ann am Bun-sgoil Ratharsair (1918-1924), agus mar a bhiodh dùil, bha buaidh aig an oideachadh agus an togail a fhuair e ann an Ratharsair air a' bhàrdachd aige, mar a bh'aig tachartasan agus amannan sònraichte eile na bheatha. Ann an Ratharsair agus na dhachaidh, bha e air a bhogadh ann an eachdraidh agus ann an cultar na Gàidhlig agus na Gàidhealtachd - na Fineachan Gàidhealach, na Seumasach, na Fuadaichean, Eilthireachd, Litreachas, Beul-aithris agus Teagasc Chalvin. Bhuineadh a theaghlaich dhan Eaglais Shaor Chlèireach, agus chaidh e fhèin agus a bhràithrean agus a pheathraighean an togail ann an dualchas na h-Eaglais' sin a bhrist bho Eaglais Shaor na h-Alba an 1893. Bha Ratharsair gu math làdir air taobh na h-Eaglais Shaor Chlèireach. Ged a chaidh a thogail ann an dualchas Chalvin, dh' aidich Somhairle MacGill-Eain gun do leig e bhuaithe an dualchas sin agus gun do ghabh e ri Sòisealachd nuair a bha e mu dhusan bliadhna dh'aois agus e fhathast anns a' bhun-sgoil an Ratharsair. Airson greis bha e na bheachd a bhith na neach-poilitigs, "an dùil an saoghal a chur ceart". Ach a dh' aindheoin sin, nuair a bha e na bu shine, thuig e a' bhuaidh a bh'aig an teagasc Gàidhlig, a bha e air a chluinntinn ann an Ratharsair, air a' bhàrdachd aige. 'Tha mi a' smaoineachadh, a bheil sibh a' tuigsinn, gu robh buaidh mhòr aig na searmoin agus na h-ùrnaighean fada ann an Gàidhlig aig an Eaglais Shaor Chlèireach agus aig an Eaglais Shaor orm, còmhla ri beairteas na beul-aithris a bh'aig an teaghlaich againn air gach taobh,' dh' aidich e fhèin ann an agallamh an 1982.²

Bha buaidh shònraichte aig a sheanmhair, Màiri NicMhathain (Màiri Iain 'ic Sheumais 'ic Dhòmhnaill Ruaidh) air a' bhàrd nuair a bha e ag èirigh suas. Thàinig an teaghlach aicese à Loch Aillse dhan Eilean Sgitheanach anns an ochdamh linn deug, an dèidh dhaibh a bhith air an cur a-mach às an fhearann ann an Glas na Muclach le Iarla Shiophort. Thug iad leotha mòran de na seann òrain a buineadh do Loch Aillse agus do Chinn Tàile, agus thog i fhèin a-rithist mòran òrain a bhuineadh do na ceàrnaidhean sin den Eilean Sgitheanach anns an robh iad a' còmhnaidh. Bha a sheanmhair a' fuireach còmhla ris an teaghlach gus an do chaochail i nuair a bha Somhairle MacGill-Eain dusan bliadhna dh' aois agus tha e fhèin ag innse cho cudromach is a bha i na bheatha: 'Tha mi am beachd gur e a' chiad chuspair ealain a thug buaidh orm 's e a bhith ag èisdeachd ri màthair m' athar a' seinn feedhainn de na sàr òrain Ghàidhlig agus a h-uile fear aca le a dreach dualchasach fhèin air.³ Bha e a' cuimhneachadh, ann an agallamh le Dòmhnaill Eàirdsidh Dòmhnaillach an 1982, mar a bhiodh i a' seinn òrain à Cinn Tàile leithid 'Crò Chinn t-Sàile', agus feedhainn à Iochdar Thròndairnis a bha i air fhaighinn bho thaobh a màthair fhèin den teaghlach. Tèile bha glè chudromach am beatha a' bhàird nuair a bha e òg b' e Peigi, an tè bu shine de pheathraighean athar. Bha ise a' fuireach an Glaschu ach bhiodh i a' tighinn a Ratharsair airson mìos a h-uile bliadhna. Bha ise cuideachd 'làn de sheann òrain' agus, cha mhòr, a rèir a' bhàird, nach robh na h-uimhir aice 's a bh' aig a sheanmhair. Bha athair, Calum MacGill-Eain, e fhèin na dheagh sheinneadair agus mar a thuirt am bàrd, 'ann an cuid a dh' òrain bha a ruith agus a bhuille cho cinnteach is gu bheil e a-nis duilich dhomh a bhith ag èisdeachd ris na h-òrain sin ga seinn le neach eile. Bha e gu sònraichte math le Crò Chinn t-Sàile, an cumha do dh' Uilleam Siosal, agus le Uilleam Ros.' B' ann bho fhear de bhràithrean a mhàthar, Calum MacNeacail, a fhuair e eòlas air na h-òrain aig Màiri Nic a' Phearsain (Màiri Mhòr nan Òran). Bhuineadh a' bhana-bhàrd don Eilean Sgitheanach agus bha i a' sgriòbhadh anns na 1880an nuair a bha Strì an Fhearaninn aig àird a neart. Bha Somhairle MacGill-Eain a' saoilsinn mòran den obair aice fad a bheatha. Rud eile aig an robh buaidh mhòr air b' e dualchas radaigeach A' Bhràighe anns an Eilean Sgitheanach, agus cho cudromach is a bha e ann an obair Dionnasg an Fhearaninn aig deireadh na 19mh linn, còmhla ri eachdraidh nam fuadaichean a sgrios Eilean Ratharsair eadar 1852 agus 1854. An inntinn a' bhàird òig bha am fearann agus na daoine toinnte còmhla: 'Nuair a bhithinn-se air mullach a' Chuilithionn no air Dùn Cana, cha b' ann airson nan seallaidhean a-mhàin, ach bha e daonna ceangailte gu mòr ri na daoine'.⁴

An 1924 dh' fhàg Somhairle MacGill-Eain Ratharsair agus chaidh e air

adhart gu Àrd-sgoil Phort Rìgh. Mar bu dual do na sgoilearan à Ratharsair, bha e a' fuireach ann am Port Rìgh tron t-seachdain, agus a' dol dhachaidh a Ratharsair Disathairne. Tha cunntas mhionaideach air na bha e fhèin a' saoilsinn den oideachadh a fhuair e ann an Ratharsair a' nochdadhdh anns an ro-ràdh don leabhar aige: *O Choille gu Bearradh* a sgrìobh e anns a' Għiblean 1989.⁵ Anns a' bhun-sgoil fhuair e eòlas air bàrdachd Bheurla a bharrachd air a' bhàrdachd Ghàidhlig air an robh e cho measail mar thà, agus anns an àrd-sgoil am Port Rìgh bha e air oideachadh ann an Shakespeare agus am bàrdachd Bheurla na 19mh linn le tidsear Beurla. Bha e a' saoilsinn mòran den tidsear seo, ach dh' fhàg i an sgoil nuair a bha esan a' tòiseachadh air a' bhliadhna mu dheireadh. Thug Laideann e gu bhith a' cur luach air Virgil agus Horace, agus dh' aidich e cuideachd gum bu toil leis leabhar de liricean Frangach, a' ruith bho Villon gu Verlaine. Ann an Gàidhlig bha tòrr cuideam ga chur air bàrdachd na 17mh agus na 18mh linn mar a bha i a' nochdadhdh ann am *Bàrdachd Ghàidhlig*, ach dh' aidich e gum, 'b' fhearr leam an fheadhainn mhìorbaileach sin gun ainm, leithid na bàrdachd ag innse mar a bha Clann 'ic Griogair air an toirmisg agus Bothan Àirigh am Bràigh Raineach: dàin nach robh fios le cinnt cò rinn iad ach a bha ag èirigh à dualchas nan sgoil bhàrdachd, agus a bh' air an sgaoileadh tro bheul-aithris, uaireannan air am milleadh ach uaireannan eile air an leasachadh, le bhith gan aithris'. Air an raon-cluiche, bha Somhairle MacGill-Eain bho bha e glè òg air a bhith, mar a chuir e fhèin an cèill, 'uamhasach dèidheil' air iomain. Bha e na chluicheadair dealasach anns an sgoil, agus lean an ùidh sin anns a' chleas fad' a bheatha.

Anns an Oilthigh (1929-1933)

An 1929, agus e air Farpais Bursaraidh na h-Oilthigh a chosnadhdh, chaidh Somhairle MacGill-Eain gu Oilthigh Dhùn Èideann. Nuair a ràinig e anns an Fhoghar 1929, cha robh e fhathast cinnteach an dèanadh e Ceiltis, no Eachdraidh no Beurla. Roghnaich e Beurla a dhèanamh, agus cheumnaich e ann an Cànan is Litreachas na Beurla le Urram aig a' Chiad Ìre an 1933, ged nach robh e an dèidh làimhe cho cinnteach gun do rinn e an roghainn cheart. Aig a' cheann thall 's e cothroman cosnaidh a stiùir an roghainn a rinn e, seach nach robh ceum ann an Ceiltis a-mhàin a' gealltannan cothroman sin dha. Thuirt e an dèidh làimhe: 'Man àm an robh mi anns an dàrna bliadhna, bha aithreachas mòr orm gu robh mi a' dèanamh ceum ann am Beurla. Cha robh ùidh agam ach ann am bàrdachd agus dìreach ann an cuid de bhàrdachd aige sin. Cha robh ùidh

agam ann an rosg agus bha aithreachas orm nach do rinn mi Ceiltis le Urram.⁶

Thàinig Somhairle MacGill-Eain fo bhuaidh an Àrd-ollamh Herbert Grierson (1866-1960), Àrd-ollamh Regius Litreachas na Beurla bho 1915 gu 1935, ann an Roinn na Beurla, agus aig an àm seo bha am bàrd òg a' sgrìobhadh ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Bha e air a bhith fo bhuaidh litreachail Blake, Shelley agus bàird Chlasaigeach na Ròimh agus na Grèige roimhe seo, ach leig e sin seachad agus ghabh e ùidh anns a' bhàrdachd aig John Donne, T.S. Eliot agus Ezra Pound. Bha e fhèin a' faireachdainn gu robh na dàin a bha e a' sgrìobhadh ann am Beurla 'ro fhèin-mhothachail', agus gu robh na bha e a' sgrìobhadh ann an Gàidhlig na b' fhearr. An 1931, sgrìobh e mu fhear de na dàin thràth Ghàidhlig aige 'A' Chorra-ghridheach': 'Shaoil mi gu robh e na b' fhearr na an stuth Beurla agam, agus air an adhbhar sin - ach cuideachd airson adhbharan gràdh-dùthchasach - stad mi sgrìobhadh bàrdachd ann am Beurla agus fhuair mi cuidheas a h-uile sgath den stuth Beurla air an robh sgeul agam.' Bha e air cur às don chuid mhòr den bhàrdachd Bheurla aige mus robh e fichead bliadhna dh' aois. Nochd an aon phios Beurla a bha ri lorg ann am *Private Business*, leabhran beag a dheasaich David Daiches, agus a dh' fhoillsich Comann Litreachas na Beurla Oilthigh Dhùn Èideann an 1933.

Fhad 's a bha e anns an Oilthigh, bha Somhairle MacGill-Eain na bhall de Chomann Làbarach Oilthigh Dhùn Èideann. Dhùisg a cheanglaichean ris a' Ghàidhealtachd agus buaidh nam Fuadaichean anns an Eilean Sgitheanach agus ann an Ratharsair faireachdainean làidir poilitigeach ann, agus còmhla ris na bha a' tachairt anns na 1930an, dhaingnich sin a' ghràin a bh' aige air Faisisteachd. A thaobh càirdeas, tha e coltach gu robh e an lùib buidheinn shònraichte de Ghàidheil a bha an Dùn Èideann aig an àm, na measg na bràithrean Aonghas agus Uilleam MacMhathain, agus James Carmichael Watson.

An 1933, a' bhliadhna mu dheireadh aige anns an Oilthigh, fhuair Somhairle MacGill-Eain eòlas air George E. Davie (a sgrìobh *The Democratic Intellect* agus a bha na òraidiache Feallsanachd an Oilthigh Dhùn Èideann) agus James B. Caird (a bha, an dèidh làimhe, na Sgrùdaire Sgoiltean) agus stiùir iadsan e air bàrdachd Ùisdein MhicDhiarmaid. Bha deagh bhuaidh aig an dhithis fhear air: 'Bha George Davie gu sònraichte fiosrachail mu iomadach seòrsa gnothach an Alba, agus bha ùidh aige gu h-àraig ann an smaoineasan agus bha am fiosrachadh aige farsaing; 's e duine air leth, tha mi a' smaoineachadh, a bh' ann an Caird, mar a thuirt mi, an dà chuid a thaobh litreachais agus

rud ris an canainn-se mothachas'.⁷ Bha dà rud gu sònraichte a thug buaidh mhòr air - an t-eòlas a fhuair e, tron dithis charaid, George E. Davie agus James B.Caird air na liricean a bu tràithe aig Ùisdean MacDhiarmaid, agus cuideachd e fhèin a bhith a' leughadh *The Defence of Poetry* le Benedetto Croce agus 'dhaingnich e mo bheachd ann an àrd-cheannas na liric agus gnè liriceach na bàrdachd'.

An dèidh ceumnachadh, chuir e seachad bliadhna aig Moray House - Colaisde Thrèanadh Thidsearan - agus 's ann fhad 's a bha e aig Moray House a thachair Somhairle MacGill-Eain ri Ùisdean MacDhiarmaid airson a' chiad uair, agus thòisich dlùth chàirdeas eatarra a bha gus maireachdainn gun do chaochail MacDhiarmaid an 1978. An 1934, nuair a thachair an dithis aca, bha ùidh aig MacDhiarmaid mar thà ann am bàrdachd Ghàidhlig, agus goirid an dèidh dhaibh tachairt, dh' aontaich Somhairle MacGill-Eain feadhainn de na dàin aig Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair agus aig Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir eadar-theangachadh do MhacDhiarmaid. As t-Foghar 1934 agus e air crìoch a chuir air oideachas, thill Somhairle MacGill-Eain dhan Eilean Sgitheanach.

Mu Choinneamh an t-Saoghail (1934-1943)

Nuair a thill e dhan Eilean Sgitheanach as t-Foghar 1943, chaidh Somhairle MacGill-Eain a theagasc Beurla ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh. Dh' aidich e mun àm a thòisich e air teagasc ann am Port Rìgh, gu robh e air ùidh a ghabhail ann an seann òrain agus ann an nua-bhàrdachd, gu sònraichte a' bhàrdachd aig Ùisdean MacDhiarmaid. Bha e ann an loidseadh an toiseach ann an Carndarach air Sràid Wentworth, ach ro dheireadh na bliadhna-sgoile 1934-35, bha e air gluasad gu Ostail Eilginn (ostail dha na gillean às na h-eileanan) a chuideachadh le bhith a' coimhead às an dèidh. An 1934, sgriobh e an dàn 'An Soitheach', a bh' air fhoillseachadh fon ainm-brèige 'Ruairi MacAilein', ach mean air mhean bha e a' faighinn an uallaich a bhith a' cumail sùil air na gillean gach dùrna h-oidhche an Ostail Eilginn glè throm agus bha e doirbh dha an dlùth-aire a dh' fheumadh e a thoirt dhan bhàrdachd aige. Ann an Iuchar agus aig toiseach na Lùnastail 1935, thadhail Somhairle MacGill-Eain air Eilean Whalsay an dèidh fiathachadh fhaighinn bho Ùisdean MacDhiarmaid.

Eadar 1936 agus 1939, thàinig grunn rudan còmhla a chuir am bàrd fo throm uallach, agus a nochd anns a' bhàrdachd aige, agus dh' aidich e

fhèin, ma bha e na bhàrd idir eadar 1936 agus 1939, gun robh e na bhàrd a bha glè eadar-dhealaichte bhon fhear a bha ri bàrdachd ro 1936. Anns an aiste 'My Relationship with the Muse', dh' ainmich e na h-adhbharan dha sin: 'mo mhàthair a bhith glè mheadhanach an 1936, agus a-rithist an 1938, toiseach Cogadh Siobhalta na Spàinn an 1936, mar a bha cosnadh m' athar a' sìor chrìonadh anns na 1930an, a' coinneachadh ri nighean Èireannach an 1937, a' fàgail an Eilein Sgitheanaich ann an cus cabhaig airson a dhol a Mhuile aig deireadh 1937, agus Munich an 1938, agus daonnan bha sìor chrìonadh na Gàidhlig na bhriste-cridhe dhomh. Mar sin bha roghainnean duilich romham anns na bliadhnaichean sin, agus thàinig eallach pearsanta nam bliadhnaichean sin am follais tro bhàrdachd agus cha b' ann tro gnìomh'. Nuair a thòisich Cogadh Siobhalta na Spàinn an 1936 bha buaidh chudromach, làn fhaireachdainn aige air beatha Shomhairle MacGill-Eain. Bho 1933 bha mòr-uallach air gu robh Faisisteachd a' dol a dh' fhaighinn làmh an uachdair anns an Ròinn Eòrpa. Nuair a thòisich Cogadh Siobhalta na Spàinn, bha e glè chinnteach na inntinn fhèin gu feumte buaidh fhaighinn gu h-èifeachdach agus gun dàil air Faisisteachd anns an Spàinn. Bha tidsear eile ann an Àrdsgoil Phort Rìgh aig an aon àm, Jack Stuart, dhe robh e a' saoilsinn tòrr, agus dh' iarr esan air Somhairle MacGill-Eain a dhol còmhla ris dhan Spain a chogadh air taobh a' Bhuidhinn Eadar-Nàiseanta, ach ged a bu mhiann leis a dhol ann, bha an suidheachadh teaghlaich aige fhèin a' dèanamh sin do-dhèanta dha.

Dh' fhuirich Somhairle MacGill-Eain ann am Port Rìgh gu 1937, agus air a' bhliadhna sin thadhaiil Ùisdean MacDhiarmaid air nuair a bha e a' cur cuairt air na h-Eileanan an Iar còmhla ri W.D. MacColl, nàiseantach agus fear aig an robh ùidh mhòr ann an Gàidhlig. Chuir iad oidhche seachad an Ratharsair còmhla ri teaghlaich Shomhairle MacGill-Eain, agus an uair sin chaithd iad a Phort Rìgh a chur an deireadh sheachdain seachad an cuideachd Shomhairle MacGill-Eain mus deach iad a Bharraigh. Na b' fhaide air adhart anns a' bhliadhna, fhuair Somhairle MacGill-Eain obair a' teagasc an Àrdsgoil Thobar Mhoire ann am Muile, far an robh e a' teagasc bhon Fhaoilleach chun an Dùblachd 1938. Chuir e seachad bliadhna an sin, ach cha b' e àm uamhasach sona bh' ann dha, agus dh' aidich e fhèin gur e 'uras dòrainneach' a bh' ann. Shaoil leis gu robh Muile brèagha ach bha làrach nam fuadaichean, a sgrios an t-eilean anns an 19mh linn, cho follaiseach ann agus gu robh e na bhriste-cridhe do fear ainme (an cinneadh a bha cho dlùth cheangailte ri Muile). Ach a dh' aindeoin na faireachdainnean brònach sin, bha an ùine a chuir e seachad am Muile soirbheachail a thaobh a bhàrdachd, agus sgrìobh e grunn dhàin fhads a bha e ann, 'Ban-Ghàidheal' nam measg. Mar a mhìnich am bàrd an dèidh làimhe: 'Tha mi a' creidsinn gu robh Muile cudromach a thaobh

na bàrdachd agam: bha a' bhòidhchead nàdarra cho eadar-dhealaichte bhon Eilean Sgitheanach, le làrach eagalach nam fuadaichean follaiseach ann, ga dhèanamh cha mhòr neo-fhulangach do Ghàidheal.⁸ Cha robh na uallaichean obrach a bh' air ann am Muile cho sàraichte is a bha iad air a bhith ann am Port Rìgh, agus mar sin bha e comasach dha barrachd sgrìobhaidh a dhèanamh agus bha mòran litrichean a' dol a-null 's a-nall eadar e fhèin agus Ùisdean MacDhiarmaid. Tha Crìsdean Whyte a' comharrachadh gu robh na nuadh-bheachdan aig an dithis bhàrd co-ionnan ann a bhith mi-riaraichte leis mar a bha dualchas na bàrdachd, nam beachd-san, coirbte agus neo-mhiannach air adhartas.⁹

Anns an Fhaoilleanach 1939, għluais Somhairle MacGill-Eain à Muile gu Dùn Èideann, far an robh e air obair fhaighinn a' teagasc Beurla an Àrdsgoil Bhorroughmuir. Bha e ann an loidseadh am Polwarth faisg air an sgoil, agus fhad 's a bha e an Dùn Èideann dh' ùraich e a chàirdeas le Robert Garioch, a thug cuireadh dha tighinn gu cruinneachadh de bhàird a bhiodh a' coinneachadh uair 's an t-seachdain anns an Abbotsford Bar air Rose Street. Bha clò-làimhe aig Robert Garioch agus an 1940 nochd leabhran beag bhuaithe le Somhairle MacGill-Eain agus Robert Garioch, *17 Poems for 6d.* Beagan sheachdainean an dèidh sin chaidh *Seventeen Poems for Sixpence* fhoillseachadh, an dàrna lethbhreac, le ceartachaidhean. B' ann an 1939 cuideachd a thòisich Somhairle MacGill-Eain air sgrìobhadh a' mhòr-dhàn 'An Cuilithionn'. Bha an smaoineas airson an dàin air tighinn thuige na bu tràithe ann am Muile an 1938, nuair , mar a thuirt e, a bha e air tòiseachadh ri smaoineachadh air dàn fada a sgrìobhadh, 10,000 falal no mar sin, air cor mac an duine, a' sgaoileadh a-mach bho eachdraidh an Eilean Sgitheanaich gu Taobh an Iar na Gàidhealtachd chun an Roinn Eòrpa agus na b' aithne dha den a' chòrr den t-saoghal. Ged a chaidh toiseach tòiseachaidh a dhèanamh air an dàn an Dùn Èideann an 1939, nuair a chaidh mu 3,000 sreach a chur ri chèile, stad an sgrìobhadh gu h-obann anns an Dùblachd 1939.

Anns an Dàmhair 1939, chaidh Somhairle MacGill-Eain gu ruige Hawick a theagasc clann a bh' air an cur ann bho na bailtean mòra airson sàbhailteachd bhon chogadh agus bha e an sin co-dhiù chun an Ògmhios 1940. 'S ann aig an àm seo a chaidh a' mhòr-chuid de na dàin iomraiteach 'Dàin do Eimhir'¹⁰ a sgrìobhadh. Agus 's ann aig an àm seo cuideachd a dh' fhuiling Somhairle MacGill-Eain na faireachdainnean domhainn dian, a theab a chur às a chiall, mar a dh' aidich e fhèin. Thàinig an cuthach mòr a bha e a' faireachdainn mu Faisisteachd, agus an trom-ghaoil anns an robh e, còmhla, ann an 'Dàin do Eimhir', sreach de dhàin gaoil as àille. Anns na dàin, tha na faireachdainnean a dh' fhuiling e fhèin gu pearsanta air an cur ri taobh nam faireachdainnean a bh' aige mu na bha a' tachairt

anns an Spàinn agus na duilgheadasan a bha mu choinneamh mac an duine agus gu dè a bha an dàn don t-saoghal gu lèir. Tha a' chunntas as mionaidiche mu eachdraidh sgrìobhadh na sreach 'Dàin do Eimhir' ri fhaighinn anns an lethbhreac aig Crìsdean Whyte de na dàin Ghàidhlig, le eadar-theangachaidhean Beurla, a chaidh fhoillseachadh an 2002.¹¹

Anns an t-Sultain 1940, ghabh Somhairle MacGill-Eain anns an Signal Corps, agus bhon a' Mhàigh 1941 chun an Dùblachd 1941, bha e stèidhichte aig Campa Chatterick ann an Siorrachd York a' feitheamh ri òrdain a dhol a-null thairis. Ann an Dùblachd 1941, chaidh a chur dhan Èipheit, agus eadar an Dùblachd 1941 chun a' Màirt 1943 bha e a' cogadh còmhla ris an Royal Horse Artillery. Mus deach e a-null thairis, bha e air na dàin aige fhàgail aig Douglas Young (an dèidh làimhe na òraidiache ann an Greugais an Oilthigh Chill Rìmhinn), a bh' air tairgsinn foillsichear fhaighinn dhaibh, agus aig Iain MacDhòmhnaill ann an Roinn na Ceiltis an Oilthigh Obar Dheathain. Nuair a roghnaich Douglas Young a dhol dhan phrìosan mus aidiceadh e gu robh còir dligheach aig stàit Bhreatainn daoine a thogail dhan arm, ghabh an t-Urr Iain MacEacharna air fhèin cùram nan dàn fhoillseachadh.

Chì sinn a-rithist spèis agus co-fhaireachdainn Shomhairle MhicGill-Eain dha chinne-daonna na bhàrdachd-cogaidh, nam measg an dàn-cogaidh a b' fhearr a sgrìobh e, 'Glaic a' Bhàis'. A dh' aindheoin sin, tha coltas gun do thionndaidh e an aghaidh a' bhàrdachd fhèin aig an àm seo, agus anns a' Ghearran 1942, sgrìobh e gu Ùisdean MacDhiarmaid, 'Ma tha mi a' dol a sgrìobhadh bàrdachd gu sìorraidh tuilleadh, bidh e gu math eadar-dhealaichte bho na sgrìobh mi thuige seo, anns nach fhaod e a bhith cho pearsanta, feumaidh e a bhith nas tuigsiche, agus gun a bhith cho riaraichte le cheòl fhèin'.¹² Chaidh a leòn trì tursan nuair a bha e a' sabaid an Afraga a Tuath: aig aon àm bha fathann a' dol gu robh e air a dhol a dhìth anns a' bhlàr. 'S e thachair ach gu robh e air a dhroch leòn aig Blàr El Alamein air 2mh Samhain 1942 nuair a spreadh mèinn talamh faisg air, agus chaidh a thoirt dhan ospadal. Bha e naoidh mìosan an ospadail am Burgel Arab, Cantara, Suez, Baragwanath, Netley an Sasainn agus Ospadal an Ràthaig Mhòir an Inbhir Nis. Fhuair e a-mach mu dheireadh thall à Ospadal an Ràthaig Mhòir an Inbhir Nis, agus seach gu robh e air a leòn cho dona, às an arm a bharrachd anns an Lùnastal 1943.

Anns a' Mhàirt 1943, nuair a thill Somhairle MacGill-Eain air ais a Shasainn gus am faigheadh na lotan aige cothrom leigheis, bha na dàin aige deiseil airson ceartachaidh. Leugh e iad anns an ospadal an Southampton agus thill e iad chun an fhoillsichear an Glaschu, Uilleam MacIllFhaolain. Tràth anns an t-Samhain air a' bhliadhna sin, nochd

Dàin do Eimhir agus Dàin Eile, le ro-ràdh le Douglas Young agus dealbhan leis an dealbhadar Albannach Uilleam Crosbie. Tha na faclan gèarr a sgrìobh an Àrd-Ollamh Dòmhnaill MacAmlaigh anns an ro-ràdh aige do *Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig* a' nochdadhd cho fior chudromach is a bha *Dàin do Èimhir*, 'Saoilidh mi nach b' urrainn do'n bhàrdachd Ghàidhlig a bhith a riamh mar a bha i roimhe an dèidh do'n leabhar sin a thiginn am follais.¹³ Anns an aon bhliadhna chaidh *Auntran Blads* aig Douglas Young fhoillseachadh, leabhar bàrdachd, coisrigte do Shomhairle MacGill-Eain agus do Dheòrsa Mac Iain Deòrsa, le eadar-theangachaidhean a rinn e de dh' obair an dithis bhàrd.

Dùn Èideann (1943-1956)

Nuair a fhuair e seachad air na lotan cogaidh, thill Somhairle MacGill-Eain a Dhùn Èideann agus chaidh e air ais a theagasc ann an Àrd-sgoil Boroughmuir an Dùn Èideann an 1943. An ath bhliadhna, 1944, thachair e ri Rìnidh Chamshron à Inbhir Nis, a bha gu bhith na companach dha fad a bheatha. Phòs iad an Inbhir Nis air 24mh den Iuchar 1946, agus thòisich iad air am beatha còmhla an Dùn Èideann. Thuirt caraid Shomhairle MhicGill-Eain, James B. Caird gur e an roghainn seo an rud a b' fhearr a rinn e riamh. Bha James B. Caird a' teagasc ann am Peebles aig an àm, agus mhothaich e cho freagarrach is a bha iad air a chèile. Bha e dhen bheachd, le h-àbhachdas, le ciall dòigheil practaigeach agus a dòighean tlachdmhor, còmhla ris an luach a bha i a' cur air na nithean a b' fhearr anns a' bheatha seo, gu robh Rìnidh Chamshron na bean choileanta dha. Aig an àm seo bha Somhairle MacGill-Eain gu mòr an lùib beatha litreachail Dhùn Èideann, agus bha e fhèin agus a bhean nan dlùth chàirdean do Sydney Goodsir Smith, an dà theaghlaich a' fuireach anns an aon taigh ann an Craigmillar Park airson mu ochd mìosan deug, mus do għluais Somhairle agus a bhean gu Atholl Place, far an robh iad airson ùine għoġrid - mu thrì mìosan. Chaidh iad an uair sin gu Queen Street far an do dh' fhuirich iad airson ceithir bliadhna nuair a għluais iad, a-rithist, gu St. Ninian's Terrace. Seo cuideachd an t-àm anns an do sgrìobh e feedhainn de na dàin a b' fhearr a rinn e, gu sònraichte 'Hallaig' sòs dòcha an dàn as trice air a smaoinich sinn co-cheangailte ris an-diugh. Chaidh a sgrìobhadh eadar 1952 agus 1953, agus chaidh fhoillseachadh an toiseach anns an ràitheachan *Gairm* an 1954. Bha dàin eile a' nochdadhd ann an ràitheachain litreachail: 'Feasgar samhraidh: Linne Ratharsair' ann am *Poetry Scotland* (1949); 'An Ceann Thall' anns a' chiad ràitheachan de Ghàirm (1952); agus 'Chunna mi long sa' Chaol Chanach' an *Gairm* (1954). A' thuilleadh air na bha sin, bha e a' craoladh air rèidio agus gu tric a' dèanamh lèirmheasan.

An 1947 fhuair e àrdachadh gu bhith na Cheannard air Roinn na Beurla an Àrdsgoil Bhorroughmuir. Ged a bha e measail air an sgoil agus air na sgoileirean a bh' aige ann am Boroughmuir, bha e a' sìor mhiannachadh tilleadh gu Taobh Siar na Gàidhealtachd agus thòisich e ri sireadh suidhichidhean teagaisg a bheireadh an cothrom sin dha. An 1956 chaidh àrdachadh gu bhith na Cheannard air Àrd-sgoil a' Phluic. Ghluais e dhan Phloc anns a' Ghearran 1956 agus lean Rinidh, a bhean e, mu mhìos an dèidh sin.

Am Ploc (1956-1969)

An 1956, nuair a thàinig e gu bhith na Cheannard air Àrd-sgoil A' Phluic air Taobh Siar Rois, bha Somhairle MacGill-Eain air ais an Loch Aillse glè ghoirid don àite, Glas-na-Muclach faisg air Bràigh an t-Sratha, far an robh an teaghlaich aig a sheanmhair Màiri NicMhathain a' fuireach, mus do għluais iad dhan Eilean Sgitheanach. Rinn e fhèin agus a bhean agus an triùir nighean, Iseabail, Caitríona agus Màiri, an dachaidh anns A' Phloc, agus bha e na Cheannard an sin gus an do leig e dheth a dhreuchd an 1972.

Bha e ag obair anns an dà sgoil an sin, an t-seann tè anns a' bhaile agus an tè ùr air iomall a' bhaile. Aig an àm bha àiteachan mar am Ploc air am faicinn mar àiteachan caran iomallach, agus bha na h-uallaichean a bh' air, a' ruith sgoil dhen mheudachd sin glè throm, gu sònraichte nuair a thàinig e gu bhith a' lorg luchd-teagaisg, agus glè thric bha aige fhèin ri bhith a' teagasg nuair a bha dìth luchd-obrach air. Bidh a' chlann dha robh Somhairle MacGill-Eain a' teagasg Beurla anns a' Phloc, gu leòr dhiubh a-nis nam meadhan-aois agus sgapte air feadh an t-saoghail, ag aideachadh fhathast mar a chuir e meas air fuaim agus faclan na bàrdachd nan inntinn, ged nach do thuig iad sin, glè thric, aig an àm. Ged a bha e air a chumail trang le bhith a' teagasg, agus obair rianachd na sgoile (agus bho àm gu àm dh' aidicheadh e fhèin gu robh iad nan eallach dha), bha e fhathast a' sgrìobhadh bàrdachd. Chaochail Calum, a bhràthair a b' òige, a bha iomraiteach mar chruinniche beul-aithris an Alba agus an Èirinn, an 1960 nuair nach robh e ach dà ficead 's a còig bliadhna dh' aois, agus rinn Somhairle MacGill-Eain marbhrann dha a bha gu sònraichte brèagha agus drùidh teach 'Cumha Chaluim Iain MhicGill-Eain', am beachd Ùisdean MhicDhiarmid, 'fear de na marbhrannan a b' uaisle leugh mi riāmh.¹⁴ Sgrìobh e an dàn 'Curaidhean' an 1965, agus 'Palach', 'Eadh is Fèin is Sàr-Fhèin', 'Dà Dhomhnallach' agus 'Am Botal Briste' aig deireadh nan 1960an.

Fhad 's a bha e anns a' Phloc, bha Somhairle MacGill-Eain a' saothrachadh gun sgur a chum suidheachadh na Gàidhlig a leasachadh. Bha mar a bha a' chànan a sìor chrònadh na bhriste cridhe dha. Bha e air fhaicinn mar a bha i a' crònadh anns an Eilean Sgitheanach, agus na bu mhiosa buileach ann am Muile nuair a bha e an sin aig deireadh nan 1930an. Sgrìobh Aonghas MacNeacail aiste,' Pàipear Luchd-Ionnsachaidh' anns an robh cunntas glè mhionaideach air cho mòr is a bha Somhairle MacGill-Eain an sàs anns an oidhirp gus pàipear deuchainn fhaighinn, a bh' air a dhealbh gu sònraichte do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, anns na Deuchainnean aig Àrd Ìre. An 1966, thug Somhairle MacGill-Eain pàipear seachad aig Comann Gàidhlig Inbhir Nis, 'Problems in Gaelic Education', far an do chuir e air adhart mion-sgrùdadadh cudromach air suidheachadh na Gàidhlig agus an dòigh anns an robh i air a lìbhrigeadh ann am foghlam an Alba. Rinn e coimeas eadar Alba agus dùthchanan na Roinn Eòrpa far an robh cothrom aig clann trì no ceithir cànanan ionnsachadh a bharrachd air a' chànan aca fhèin. Rinn e an argamaid, nach biodh e a-mach às an rathad do chlann an Alba trì cànanan ionnsachadh a bharrachd air Beurla, ag ràdh, 'tha fios nach eil e ag iarraidh cus air gràdh-dùthcha Gàidhlig tagradh a dhèanamh gum biodh Gàidhlig air aon de na trì?¹⁵

Bha ùidh aig Somhairle MacGill-Eain ann an iomain fad a bheatha, agus fhad 's a bha e na cheannard-sgoile anns A' Phloc rinn e mòran gus an gèam adhartachadh. An 1965 bhuannaich buidheann iomain na sgoile Cupa Harrow (airson òigridh fo aois 19 an Siòrrachd Rois), agus tha Somhairle MacGill-Eain ri mholadh, gur e cho dealasach is a bha e fhèin ann a bhith a' brosnachadh a' ghèam, a dh' fhàg a' bhuidheann sgoile cho soirbheachail anns na bliadhnaichean 1964-66 agus 1970-72.

'Toradh a Shàr-chomais' (1970-1981)

Anns na deich bliadhna eadar 1970 agus 1980 bha a' mhòr-shluagh a' sìor fhàs mothachail air bàrdachd Shomhairle MhicGill-Eain. An 1970 chaidh *Four Points of a Saltire* fhoillseachadh anns an robh bàrdachd le Somhairle MacGill-Eain, Deòrsa Mac Iain Deòrsa, Uilleam Neill agus Stiùbhart MacGriogar, agus bha seo cudromach, oir bha e a' ciallachadh gu robh deagh chuibreann de bhàrdachd Shomhairle MhicGill-Eain a-nis ri fhaotainn ann an riochd leabhair (airson a' chiad uair bho 1943). Nuair a chaidh fhoillseachadh, sgrìobh Tom Scott, sgrìobhadair agus lèirmheasaiche, 'Chan eil theagamh sam bith agam nach eil Somhairle MacGill-Eain na shàr bhàrd ann an dualchas na Gàidhlig, chan ann dìreach airson greiseig, ach airson na bith-bhuantachd'¹⁶ Anns an aon

bhliadhna chaidh iris sònraichte de *Lines Review* fhoillseachadh a bh' air a chrochadh air obair a' bhàird a-mhàin. An ath bhliadhna, nochd foillseachadh buadhach eile, an t-eadar-theangachadh Beurla a rinn Iain Mac A' Ghobhainn de 'Dàin do Eimhir', agus thug seo a' bhàrdachd aig Somhairle MacGill-Eain gu aire luchd-leughaidh gun Ghàidhlig. Aig toiseach na deicheid seo, agus mar a bha cluaineas a' tighinn faisg an 1972, bha barrachd tìde aig Somhairle MacGill-Eain dha fhèin. An 1970, chlàr e (air 22mh Gearran) a' chiad deasbad fhoirmeil mu chuid obrach ann an còmhradh an Obar Dheathain le Iain Mac A' Ghobhainn, Iain MacAonghais, Hamish Henderson agus Dòmhnull MacAmhlaigh. Anns an aon bhliadhna, chaidh artaigil air an obair aige, a' leantainn air òraid a thug e seachad ann an Inbhir Theòrsa anns A' Mhàigh 1970 air 'Some of my own Work' fhoillseachadh an *Scotia*. Anns a' bhliadhna 1973 nochd a' chiad clàradh foillsichte de Shomhairle MacGill-Eain a' leughadh a bhàrdachd fhèin le Clàran Claddaigh. Dà bhliadhna an dèidh sin nochd 'An Evening with the Heretics' air a chuir a-mach le Clàran Dualchais. Nuair a chuala Seamus Heaney e a' leughadh a bhàrdachd airson a' chiad uair, 's e għluais e ach am 'faireachdainn de dh' uaisle bàrdail a bha gu tur às aonais fèin spèis, ach a bha an àite sin na sheòrsa de fèin di-moladh moiteil, bha e cho mòr na ghèilleadh is a bha e na chòir air dualchas.'¹⁷

Nuair a leig e dheth a dhreuchd anns an Lùnastal 1972, an dèidh sia bliadhın' deug a chur seachad anns a' Phloc, għluais Somhairle MacGill-Eain agus a bhean gu taigh a shinn-sheanmhair am Peighinn a' Chorrain anns A' Bhràighe anns an Eilean Sgitheanach. Lean e a' sgrìobhadh bàrdachd fad na deichead seo, an fheadha inn a bu chudromaiche dhiubh b' iad na dàin fhada, 'Uamha 'n Òir' agus 'Screapadal'. Bho thràth anns na 1970an, bha na bha de mheasadh sgrùdail ga dhèanamh air obair Shomhairle MhicGill-Eain a' dol am meud, agus bha grunn artaigilean mu chuid obrach air am foillseachadh le Iain Mac A' Ghobhainn agus le Iain MacAonghais. Ann an aiste an 1973 tha Iain Mac A' Ghobhainn ag ràdh mu bhàrdachd gur e th' ann ach 'saothair à mac-meanmainn, a tha an dà chuid rèabhlaideach agus sgoilearail, adhartach agus traidiseanta, ionadail agus uile-choitcheann'.¹⁸

B' e sàr fhoillseachadh na deicheid *Reothairt is Contraigh*, taghadh a' bhàird fhèin den obair a rinn e bho 1932 gu 1972, air fhoillseachadh an 1977 le Canongate, foillsichear ann an Dùn Èideann. Bha dà dhàn ùr anns an leabhar, 'Dol an Iar' agus 'Soluis', agus bha eadar-theangachaidhean Beurla leis a' bhàrd, sreach-air-an-t-sreach anns an leabhar. Fhuair *Reothairt is Contraigh* lèirmheasan dealasach nuair a chaidh fhoillseachadh, agus anns an lèirmheas a thug e air anns *An Albannach* thug Iain MacAonghais iomradh air, 'Toradh a Shàr-

chomais'.¹⁹ Mar a bha an obair aige a' cosnadh barrachd is barrachd molaidh gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, bha sìor iaraidh air gu bhith a' leughadh a bhàrdachd aig fèisean bàrdachd is co-labhairtean an dà chuid aig an taigh agus thall thairis, agus anns an deichead seo, shiubhal e fad' is farsaing, gu àiteachan mar, Rotterdam, Baddech Cape Breton agus Berlin. Eadar 1973 agus 1975 thug e dà bhliadhna shoirbheachail mar Sgrìobhadair aig Oilthigh Dhùn Èideann, agus an uair sin dà bhliadhna eile mar Philidh aig Sabhal Mòr Òstaig anns an Eilean Sgitheanach.

Ann an litir a sgrìobh e air 23mh Faoilleach 1977, bliadhna mus do chaochail e, bha Ùisdean MacDhiarmaid air sgrìobhadh gu Somhairle MacGill-Eain: ‘Chan eil teagamh na mo bheachd-sa, nach tu fhèin is mi fhèin an dà bhàrd as fheàrr an Alba..... Le cinnt, tha rudeigin mun h-uile bàrd a tha *sui generis* - rudeigin a bhuiteas dha fhèin a-mhàin, agus nach gabhadh a bhith air a dhèanamh le neach sam bith eile’.²⁰ Anns A’ Ghearran 1977, thadhail Somhairle MacGill-Eain air a charaid, Ùisdean MacDhiarmaid, agus briseadh a-nis air tighinn air a shlàinte, na dhachaigh ann am Brownsback, faisg air Biggar. An dèidh bàs MhicDhiarmaid air 9mh an t-Sultain 1978, sgrìobh Somhairle MacGill-Eain iomradh-bàis drùidhreach dha, ‘Lament for the Maker’.

Anns an deichead seo cuideachd, bha sàr-obair Shomhairle MhicGill-Eain a' sìor chosnadhl aire. Fhuair e ceuman urramach bho Oilthigh Dhùn Dèagh (1972), Oilthigh Nàiseanta na h-Èirinn (1979) agus Oilthigh Dhùn Èideann (1980).

Air Chluaineas (1981-1996)

Lean cliù Shomhairle MhicGill-Eain air fàs gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta anns na bliadhnaichean seo: bha a bhàrdachd air a h-eadar-theangachadh gu cànanan eile, agus bha e a' cosnadh cliù mar bhàrd cha b' ann an Alba agus an Èirinn a-mhàin, ach anns an Roinn Eòropa, Ameireaga a Tuath agus an Astràilia. Mar a thuirt an Àrd-Ollamh Uilleam MacIlliosa, ‘Tha an euchd seo gu sònraichte annasach seach gun do roghnaich e sgriobhadh ann an cànan a th' air a labhairt le nas lugha na ceud mìle neach.’²¹

Thug Oilthighean ceuman urramach do Shomhairle MacGill-Eain a' cur luach air a thàlantan agus a shaothair às leth litreachais, agus bha iarrtas air bho gach ceàrn den t-saoghal airson a bhàrdachd a leughadh agus

òraidean a lìbhrigeadh. Bhiodh mòran aig nach robh falal Gàidhlig a' tighinn a dh' èisdeachd a bhàrdachd dìreach airson gun cluinneadh iad a ghuth tarraigeach - bha e mar gu robh na faireachdainnean a għluais gu bàrdachd e a' tighinn beò a-rithist mar a bha e ag aithris.

An 1985, chaith an rosg agus na sgrìobhaidhean sgrùdail aig Somhairle MacGill-Eain an cruinneachadh ann an *Ris a' Bhruthaich*, a bh' air a dheasachadh leis an Àrd-Ollamh Uilleam MacIlliosa agus air fhoillseachadh le Acair an Steòrnabhagh. Ceithir bliadhna an dèidh sin, an 1989, chaith a dhàin chruinnichte an Gàidhlig is am Beurla, *O Choille gu Bearradh* fhoillseachadh le Carcanet. Bha an leabhar air a choisrigeadh da bhean, Rìnidh, agus sgrìobh e ro-ràdh cudromach ann far an do mhìnich e mòran de chreideas bàrdail '..... chan eil am bàrd proifeiseanta "làn-aimsireil" a' freagairt ormsa agus cha robh riamh. Ma cheadaicheas an tìde dhomh, tha mi a' beachdachadh air rud gus an tig ruitheam, cha mhòr mar ròp teanna gus a dhol tarsainn mòr-bheàrn na sàmhchair. Tha mi a' dol air adhart leis, cho fad 's a chì mi, gun mhothachadh.²²

Bha bàs an dàrna nighinn, Caitríona, glè òg, na bhriste-cridhe dha, agus anns na bliadhnaichean mu dheireadh de bheatha bha e fhèin agus a bhean nan taic seasmhach dom mac-cèile agus dhan triùir ogha a bh' air am fàgail gun mhàthair cho òg.

Air am 24mh den t-Samhain 1996, is gun e air a bhith fada a' gearrain, chaochail Somhairle MacGill-Eain ann an Ospadal na Ràthaig Mhòir an Inbhir Nis, **aig ceithir fichead is a còig bliadhna dh' aois**. B' e buille chruaidh a bh' ann oir b' e a ghuth-san guth fior na Gàidhealtachd agus nan Gàidheal',²³ agus bha an liuthad iomradh-bàis a chaith a sgrìobhadh nam fianais air a' mheas agus an spèis a bh' aig daoine dha.

'S dòcha gum bu chòir dhuinn am falal mu dheireadh fhàgail aig Iain Mac A' Ghobhainn, mar a thuirt e an 1973: 'Nuair a thig an seòrsa bàrdachd seo mur coinneamh, chan urrainn dhuinn ach iongnadh a ghabhail gu bheil an leithid ann..... Oir chan e dìreach faclan a th' anns a' bhàrdachd seo: 's e th' ann ach an dà chuid faclan agus ceòl còmhla, 's ann mar seo a bu mhath leinn bàrdachd a bhith'.²⁴

Tha am fiosrachadh seo stèidhichte air a' catalog a bh' air fhoillseachadh co-cheangailte ris an taisbeanadh ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba air bàrdachd Shomhairle MhicGill-Eain a chaith a chur air bhonn a chomharrachadh na bliadhna a bha e trì fichead 's a deich an 1981. Bha e fhèin gu mòr an luib deasachadh an taisbeanaidh. Tha sinn fada an

comain Rìnidh, bean Shomhairle MacGill-Eain, airson cuideachadh le na deitichean a bhuiineadh do na h-amannan anns an robh iad a' fuireach ann an Dùn Èideann agus anns a' Phloc. |

1. 'Introduction' le Uilleam MacIIIosa ann an *Somhairle MacGill-Eain/Sorley MacLean*. Catalog an Taisbeanaidh. Dùn Èideann: Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, 1981, td.5.
2. Dòmhnull Eàirdsidh Dòmhnullach, 'Some Aspects of Family and Local Background: an Interview with Sorley MacLean' ann an *Sorley MacLean: Crirical Essays*, ed. Raymond J. Ross agus Joy Hendry. Dùn Èideann: Clò Sgoilearach na h-Alba, 1986, td.216.
3. *Somhairle MacGill-Eain/Sorley MacLean*. Catalog an Taisbeanaidh. Dùn Èideann: Leabhlann Nàiseanta na h-Alba, 1981, td.7.
4. 'Some Aspects of Family and Local Background: an Interview', td.219.
5. 'Ro-ràdh' le Somhairle MacGill-Eain, an Giblean 1989, ann an Somhairle MacGill-Eain/Sorley MacLean. *O Choille gu Bearradh/From Wood to Ridge*. Manchester: Carcanet, 1989.
6. *Somhairle MacGill-Eain/Sorley MacLean*. Catalog an Taisbeanaidh, td.14.
7. Ibid., d.15.
8. 'On Poetry and the Muse', *Chapman*, 16 (Samhradh 1976).
9. *Dàin do Eimhir*, deas. Crìsdean Whyte: Glaschu: ASLS, 2002, td.8.
10. B' e Eimhir an t-ainm a bh' air a' bhean aig Cu Chulainn, fear de ghaisgich uirsgeulach na Feinne ann an Tàin Bò Chuailnge.
11. *Somhairle MacGill-Eain/Sorley MacLean. Dàin do Eimhir*. Glaschu: ASLS, 2002.
12. Litir bho Somhairle MacGill-Eain gu Ùisdean MacDhiarmaid, 23mh an Gearran 1942. Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann.
13. Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig, deas. Dòmhnull MacAmhlaigh, Dùn Èideann: Canongate, 1995, td.54. (Clasaigean Chanongate 55) (air a' chiad-fhoillseachadh le Foillsichearán Southside, Dùn Èideann, 1976)
14. *Somhairle MacGill-Eain/Sorley MacLean*. Catalog an Taisbeanaidh, td.34.
15. Aonghas MacNeacail, 'Questions of Prestige: Sorley MacLean and the Campaign for Gaelic' ann an *Sorley Maclean; Critical Essays*, deas. Raymond J. Ross agus Joy Hendry. Dùn Èideann: Clò Sgoilearach na h-Alba, 1986, td.208.
16. Somhairle MacGill-Eain/Sorley MacLean. Catalog an Taisbeanaidh, td.34.
17. Seamus Heaney, 'Introduction' ann an *Sorley MacLean: Critical Essays*, deas. Raymond J. Ross agus Joy Hendry. Dùn Èideann: Clò Sgoilearach na h-Alba, 1986, td.2
18. Iain Mac A' Ghobhainn, 'The Poetry of Sorley MacLean' anns an *Glasgow Review*, Leabhar, IV, Aireamh. 3 (anmoch as t-Samhradh 1973)
19. Iain MacAonghais, 'Sorley MacLean: the Harvest of his Genius' anns an *Scotsman*, 23mh An Giblean 1977.
20. Litir bho Ùisdean MacDhiarmid gu Somhairle MacGill-Eain, 23mh Am Faoilleach 1977. Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann.
21. 'Ro-Ràdh', le Uilleam MacIIIosa ann an *Somhairle MacGill-Eain/Sorley MacLean*. Catalog an Taisbeanaidh. Dùn Èideann: Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, 1981, td.6.
22. Somhairle MacGill-Eain., *O Choille gu Bearradh*. Manchester; Carcanet, 1989, ro-ràdh, xvi.
23. Iain Mac A' Ghobhainn, 'Iomradh-bàis air Somhairle MacGill-Eain'. www.gaelicscottish.com/docs/sorley.htm

24. Iain Mac A' Ghobhainn. Lèirmheas de *Reothairt is Contraigh* anns an *Glasgow Herald* 21mh An Giblean 1977.